COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG: APPLICATION FOR FINANCIAL ASSISTANCE – COMUNN NA GÀIDHLIG**

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG: IARRTAS AIRSON TAIC-AIRGID – COMUNN NA GÀIDHLIG**

**6 FEBRUARY 2024**

**6 GEARRAN 2024**

Report By Chief Executive

Aithisg leis an Àrd-oifigear

**PURPOSE**

1.1 Members are asked to determine the following application for financial assistance from Comunn na Gàidhlig (CnaG).

**ADHBHAR**

1.1 Thathar ag iarraidh air Buill dearbhadh iarrtas bho Chomunn na Gàidhlig (CnaG) airson taic airgid.

**EXECUTIVE SUMMARY**

2.1 This application is for funding of £4,000 towards the costs of organising the "Cuach na Cloinne 2024" annual national five-a-side football competition for Gaelic speaking primary school children, (P4-P7), across Scotland, including teams from Western Isles schools. This competition is run entirely through the medium of Gaelic, and the football matches are played through the medium of Gaelic.

2.2 The Comhairle has provided funding of £4,000 to CnaG annually for a number of years for this very successful competition. It provides children with extracurricular opportunities to use Gaelic in an enjoyable environment and strengthens their Gaelic skills. CnaG have secured match-funding of £4,000 for this competition from both Bòrd na Gàidhlig and Highland Council.

**GEÀRR-CHUNNTAS**

2.1 Tha an t-iarrtas seo a' sireadh taic airgid de £4,000 gus an fharpais nàiseanta bhliadhnail ball-coise, le còignear gach sgioba, "Cuach na Cloinne 2024" a chur air dòigh do chloinn aig a bheil Gàidhlig ann an bun-sgoiltean ann an Alba, (P4-P7), a' gabhail a-steach sgiobaidhean sgoiltean nan Eilean Siar. Thathas a' ruith na farpaise seo gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig, agus 's ann tron Ghàidhlig a thathas a' cluich nan geamaichean

2.2 Bidh a' Chomhairle a' toirt £4,000 gach bliadhna dha CnaG gus cuideachadh le cosgais na farpaise air leth soirbheachail seo. Bidh e a' toirt cothroman do chloinn Gàidhlig a chleachdadh ann an co-theacsan tlachdmhor taobh a-muigh na sgoile agus a' neartachdh sgilean Gàidhlig na cloinne. Tha CnaG air taic-airgid co-ionann de £4,000 fhaighinn airson na farpaise bho Bhòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd.

**3.1 RECOMMENDATIONS**

**It is recommended that the Comhairle approve that the sum of £4,000 be awarded to CnaG towards the cost of the Cuach na Cloinne 2024 competition, on such terms and conditions as the Chief Executive shall determine.**

**3.1 MOLAIDHEAN**

**Thathar a' moladh gun aontachadh an Comhairle gum bi maoineachadh de £4,000 air a thoirt do ChnaG a thaobh cosgais ruith Farpais Cuach na Cloinne 2024, a-rèir theirmean agus chùmhnantan air am mìneachadh leis an Àrd-oifigear.**

Contact Officer: Donald Weir, Gaelic Support Officer, Sgioba na Gàidhlig

Appendix: A. CnaG application for financial assistance.

Background Papers:

Cuir fios gu: Dòmhnall Weir, Oifigear Taic Gàidhlig, Sgioba na Gàidhlig

Fa-sgrìobhadh: A. A. Iarrtas ChnaG airson taic-airgid

Aithisg Adhartais: Foghlam Gàidhlig

Pàipearan Fiosrachaidh

**IMPLICATIONS**

The following implications are applicable in terms of the Report.

4.1

| Resource Implications | Implications/None |
|---|---|
| Financial | From Small Gaelic Projects budget |
| Legal | None |
| Staffing | None |
| Assets and Property | None |
| | |
| **Strategic Implications** | **Implications/None** |
| Risk | None |
| Equalities | None |
| Corporate Strategy | Priority 1.5: Gaelic Language & Culture |
| Environmental Impact | None |
| Consultation | None |

**PROJECT COSTS**

5.1 CnaG are seeking £12,500 in total for the project:

- £1,000 for booking and hiring football pitches, referees and a photographer, and for the costs of producing medals.
- £6,500 for staffing: the project Manager's costs, (1 x 5 days); the costs of two CnaG officers who will assist with each round of the competition, (2 x 6 = 12 days); travel and accommodation; and £250 administration costs.

**BUAIDH**

Tha na a-leanas mar bhuaidhean.

4.1

| Buaidhean Stòras | Buaidh/Neo-ni |
|---|---|
| | |
| Ionmhas | Bho bhuidseat Pròiseactan Beaga Gàidhlig |
| Laghail | Neo-ni |
| Sgiobachd | |
| So-mhaoin is Tog | |
| | |
| **Buaidhean Ro-innleachdail** | **Buaidh/Neo-ni** |
| Cunnart | Neo-ni |
| Co-ionnanachd | Neo-ni |
| Ro-innleachd Chorporra | Prìomhachas 1.5: Gàidhlig agus Cultar |
| Buaidh air an Àrainneachd | Neo-ni |
| Co-chomhairleachadh | Neo-ni |

**COSGAISEAN A' PHRÒISEICT**

5.1 Tha CnaG a' sireadh £12,500 gu lèir airson a' phròiseict:

- £1,000 airson cosgaisean fastaidh phàircean ball-coise, rèitirean agus neach-dhealbh, agus cosgaisean nam bonn.
- £6,500 airson luchd-obrach: cosgaisean Stiùiriche a' phròiseict, (1 x 5 lathaichean); cosgaisean dithis oifigearan CnaG a bhios a' cuideachadh le gach cuairt den fharpais, (2 x 6 = 12 latha); cosgaisean siubhail is àite-fuirich; agus £250 airson cosgaisean rianachd.

- £5,000 for Western Isles schools taking part in the competition. This will cover travel and accommodation costs.

- £5,000 airson sgoiltean nan Eilean Siar a bhios a’ gabhail pàirt san fharpais. Pàighidh seo cosgaisean siubhail agus àite-fuirich.

**INFORMATION**

6.1 The competition will take place in May and June 2024. Teams from Lewis and Harris will play in a regional knockout competition in Stornoway, with teams from Uist and Barra playing in the other competition in Lionacleit. The winning teams in these two qualifying competitions will go on to play in the finals in Inverness against teams from mainland Scotland.

6.2 This project has been run successfully for a number of years and has a well-earned reputation as one which promotes Gaelic very successfully at a local and national level. In the 2023 competition, over 80 teams from across Scotland took part, which was eventually won by Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, with Castlebay Primary as runners-up.

**FIOSRACHADH**

6.1 Bidh an fharpais seo a’ gabhail àite sa Chèitean is san Ògmhios 2024. Bidh sgiobaidhean à Leòdhas is na Hearadh a’ cluich ann am farpais ionadail ann an Steòrnabhagh, le sgiobaidhean à Uibhist is Barraigh a’ cluich ann an Lionacleit. Thèid na sgiobaidhean a bhios soirbheachail san dà fharpais seo troimh gu na cuairtean deireannach ann an Inbhir Nis far am bi iad a’ cluich an aghaidh sgiobaidhean bhon tìr-mòr.

6.2 Thathar air a bhith a’ ruith na farpaise seo gu soirbheachail airson grunn bhliadhnaichean, agus tha deagh chliù aige mar phròiseact a bhios a’ togail iòmhaigh na Gàidhlig gu soirbheachail aig ìre ionadail agus nàiseanta. San fharpais ann an 2023, ghabh barrachd air 80 sgioba bho air feadh Alba pàirt, agus chaidh a bhuannachadh le Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, is Bun-sgoil Bhagh a’ Chaisteil san dàrna àite.